

Soraidh leis an ait'

Mairi Mhòr nan Òrain

Sèist

Soraidh leis an ait' 'san d' fhuair mi m' àrach òg,

Farewell to the place where I was brought up,

Eilean nam beann àrda far an tàmh an ceò:

Island of the high mountains where dwells the mist,

Air am moch a dh' èireas grian nan speur fo ròs,

On which rises early the sun in the rosy heavens,

A' fuadach neul na h-oidhche soillseachadh an Stòir.

Chasing off the clouds of night lighting up the Storr.

Rann 1

Cur m' aghaidh air Glaschu b' airsneulach mo cheum.

Turning my face to Glasgow sorrowful was my step.

Cur mo chùl ri càirdean nochd am bàidh cho treun:

Turning my back on friends who showed their great kindness:

Ghluais mo bhuidheann nàdur ann an gràdh dha chèil',

The qualities of my nature stirred in love together,

Shruth mo dheòir a bhàn, is dh' fhàilnich guth mo bhèil.

My tears flowed down and my voice faltered.

Rann 2

Seallaidhean bu bhriagha riamh chan fhaca sùil,

Sights more beautiful the eye has never seen,

Sprèidh a mach 'gam fiarach madainn ghrianach chiùin:

Cattle out in the pasture, morning sunny and calm:

'N uiseag air a sgiath seinn gun fhiamh a ciùil,

The lark on the wing sings its song without care,

'S an ceò mu cheann Beinn Dionabhaig is an an sliabh fo dhrùchd.

The mist around the head of Ben Dionabhaig and the hillside dew-covered.

Rann 3

Nuair ràinig mi 'n t-àit' an d' fhuair mi m' àrach òg

When I arrived at the place where I was brought up,

Far an robh ar n-àirigh, Sprèidh le 'n àl mu 'n chrò:

Where our sheiling had been, cattle and their young in the fold

Choltaich mi ri Gàidhlig torman tlàth nan lòn

Sounding to me like Gaelic gently murmured the stream

'S aoibhneach leinn a Mhàiri d' fhaicinn slàn 's tu beò'.

Happy we are, Mairi, to see you alive and well.

Soraidh - farewell; **ait'** - place; **d' fhuair** - got, **àrach** - upbringing; **òg** - young; **Eilean** - island; **beann** - mountains; **àrda** - high; **far** - where; **tàmh** - dwells; **ceò** - mist; **moch** - early; **dh' èireas** - rises; **grian** - sun; **speur** - heavens; **ròs** - rosy; **fuadach** - chasing; **neul** - clouds; **oidhche** - night; **soillseachadh** - lighting; **Stòir** - place-name, Old man of Storr;

Cur - turning; **aghaidh** - face; **Glaschu** - Glasgow; **airsneulach** - sorrowful; **cheum** - step; **chùl** - back; **nochd** - show; **bàidh** - kindness; **treun** - strong; **Ghluais** - moved; **bhuidheann** - qualities; **nàdur** - nature; **gràdh** - love; **chèil'** - together; **Shruth** - flowed; **dheòir** - tears; **a bhàn** - downwards; **fhàilnich** - faltered; **guth** - voice;

Seallaidhean - sights; **bhriagha** - beautiful; **riamh** - ever; **fhaca** - seen; **sùil** - eye; **Sprèidh** - cattle; **a mach** - out; **fiarach** - pasture; **madainn** - morning; **ghrianach** - sunny; **chiùin** - calm; **uiseag** - skylark; **sgiaith** - wing; **seinn** - sing; **fhiamh** - care; **ciùil** - music; **ceò** - mist; **cheann** - head; **sliabh** - hillside; **dhrùchd** - dew;

Nuair - when; **ràinig** - arrived; **Far** - where; **àirigh** - sheiling; **Sprèidh** - cattle; **àl** - offspring; **chrò** - fold; **Choltaich** - similar; **torman** - murmuring; **tlàth** - gently; **lòn** - stream; **aoibhneach** - happy; **leinn** - we are; **fhaicinn** - to see; **slàn** - healthy; **beò'** - alive.